

Litir do Luchd-ionnsachaidh

le Ruairidh MacIlleathain

*A special programme, in the form of a “letter”, written and compiled by Roddy Maclean, and specifically aimed at Gaelic learners who already have some knowledge of the language. A short vocabulary and comments on points of grammar and figures of speech are included with the text. If you have comments, Roddy can be contacted by e-mail at roddy.maclean@bbc.co.uk * This is Litir 276.*

Thàinig mi tarsainn air seanfhacal anns a’ Ghàidhlig Mhanainnich an là eile. Nise, chan eil an cànan sin agam ach saoilidh mi gun tuigeadh Gàidheil na h-Alba gu leòr dhith. Seo an seanfhacal, agus tha mi a’ dol a dh’fheuchainn ri leughadh cho math ’s as urrainn dhomh. Ach ma tha duine ag èisteachd aig a’ bheil Gàidhlig Eilein Mhanainn, tha mi an dòchas gun gabh e mo leisgeul ma thèid mi ceàrr: *Cronk ghlass foddey voym – loam loam tra roshym eh.*

Cuiridh mi Gàidhlig na h-Alba air, agus chì sibh dè tha e a’ ciallachadh: *Cnoc glas fada bhuam – lom lom nuair a ruigeas mi e.* Tha glas a’ ciallachadh dath gorm an fheadh – mar a bha e a’ ciallachadh ann an Alba o shean. Cnoc glas fada bhuam – lom lom nuair a ruigeas mi e. Cha chreid mi nach e brìgh an t-seanfhacail gu bheil uaireannan cùisean a’ coimhead nas fheàrr nuair a tha thu fad air falbh. Agus nuair a thèid thu faisg, chan eil iad buileach cho math ’s a bha thu an dùil. Cnoc glas fada bhuam – lom lom nuair a ruigeas mi e.

’S e facal a th’ ann an *glas* a nochdas air feadh nan cànanan Ceilteach. Tha am faclair Cuimreach agam ag ràdh, “glas: blue or green”. Agus tha faclair ùr Gàidhlig agam ag innse dhomh gu robh am facal anns an t-seann Ghàidhlig is seann Chuimris, is gu bheil e fhathast ann an cànan na Breatainne Bige. Tha fhios gum bi sibh a’ faighneachd, “dè bha sin? Dè thuirt Ruairidh? Faclair Gàidhlig ùr eile?” Uill, feumaidh a bhith onarach – tha e ùr dhomhsa, ach chan eil e idir ùr.

O chionn ghoirid, às dèidh dhomh a bhith a’ feuchainn airson ùine mhòr ri fear a cheannach, fhuair mi grèim air an fhaclair air a bheil *An Etymological Dictionary of the Gaelic Language*, le Alasdair MacBheathain. Tha e ri fhaighinn air an eadar-lìon ach tha rudeigin mu dheidhinn leabhraichean a tha fhathast tarraingeach dhomh, agus bha mi uabhasach toilichte nuair a cheannaich mi an leabhar. ’S e an dàrna iris dheth is chaidh fhoillseachadh ann an naoi ceud deug is aon-deug (1911), ceithir bhliadhna an dèidh bàs an ùghdair. Thàinig a’ chiad iris dheth a-mach ann an ochd ceud deug, naochad ’s a sia (1896).

Anns a’ chòrr dhen Litir bu toigh leam rudeigin innse dhuibh mu ùghdar an fhaclair, Alasdair MacBheathain. Rugadh is thogadh e ann an Gleann Fèithisidh ann am Bàideanach, an cois a’ Mhonaidh Ruaidh, anns a’ bhliadhna ochd ceud deug, leth-cheud ’s a còig (1855). ’S e àite gu math Gàidhealach a bh’ ann aig an àm ud.

Thòisich Alasdair mar thidsear anns an sgìre aige fhèin is an uair sin dh'fhalbh e a dh'obair airson an t-Suirbhidh Òrdanais anns a' Chuimrigh. Nuair a bha e naoi bliadhn' deug a dh'aois, chaidh e don t-Seann Sgoil-ghràmar ann an Obar Dheathain is an uair sin a Cholaiste an Rìgh. Aig aois còig ar fhichead (25), fhuair e obair mar cheannard sgoile ann an Inbhir Nis, agus 's ann anns a' bhaile sin a dh'fhuirich e airson a' chòrr de bheatha.

Bha Alasdair an sàs ann an Comunn Gàidhlig Inbhir Nis agus sgrìobh e gu leòr phàipearan air cuspairean co-cheangailte ri eachdraidh, dualchas is cànanachas. Tha e fìor dhuilich nach robh cothrom aige dhol a theagasg ann an oilthigh, oir bha e geur is foghlamaichte. Dh'fhàg e dìleab mhòr dhuinn le fhaclair, agus feumaidh mi ràdh, nuair a dh'fhosgail mi an leabhar, nach ann lom a bha an cnoc, a bh' air a bhith fada bhuam, ach glas is torrach.

* * * * *

Faclan na seachdaine: brìgh: *meaning*; Ceilteach: *Celtic*; Cuimris: *Welsh language*; eadar-lìon: *internet*; Alasdair MacBheathain: *Alexander Macbain*; tarraingeach: *attractive*; cheannaich: *bought*; iris: *edition*; rudeigin: *something*; rugadh: *was born*; thogadh: *was raised*; ùghdar: *author*; Gleann Fèithisidh: *Glen Feshie*; Bàideanach: *Badenoch*; comunn: *society*; cànanachas: *linguistics*; foghlamaichte: *educated*; dìleab: *legacy*; torrach: *fertile, fruitful*.

Abairtean na seachdaine: thàinig mi tarsainn air: *I came across*; anns a' Ghàidhlig Mhanainnich: *in Manx Gaelic*; gun tuigeadh X gu leòr: *that X would understand enough*; cho math 's as urrainn dhomh: *as well as I can*; gun gabh e mo leisgeul: *that he will excuse me*; chì sibh: *you will see*; cha chreid mi nach e: *I think*; cànan na Breatainne Bige: *the language of Brittany*; dè thuirt X?: *what did X say?*; tha e ùr dhomhsa: *it is new to me*; fhuair mi grèim air: *I got hold of, procured*; chaidh fhoillseachadh: *it [masc.] was published*; bàs an ùghdair: *the death of the author*; 's ann anns a' bhaile sin a dh'fhuirich e: *it was in that town he lived*; airson a' chòrr de bheatha: *for the rest of his life*; sgrìobh e gu leòr phàipearan: *he wrote plenty of papers*.

Puing-chànain na seachdaine: an cois a' Mhonaidh Ruaidh: *adjacent to the Cairngorms. You probably realise that the origins of an cois are that cois is the dative singular of cas, a foot or leg. Think of a dog – an cois a mhaighstir – at the foot/leg of his master, and you will understand how the phrase arose. But grammatically an cois is a compound preposition, that is, a preposition with two separate elements. These always place the following noun in the genitive case. Thus for “next to the shore” (an cladach, masc.) we say an cois a' chladaich and for “next to the sea” (a' mhuir, fem.) we say an cois na mara. Similarly, am Monadh Ruadh (nominative) becomes [an cois] a' Mhonaidh Ruaidh (genitive).*

Seanfhacal na seachdaine: Cnoc glas fada bhuam – lom lom nuair a ruigeas mi e: *a green hill far away – completely bare when I reach it; ie things sometimes look better at a distance.*

* “Litir do Luchd-ionnsachaidh” is funded by Seirbheis nam Meadhanan Gàidhlig